




# PLANA NA GÀIDHLIG AONTAICHE

*Approved Gaelic Language Plan  
13 Dubhlachd 2011*



## Facal-Toisich

Mar bhuidheann air a bheil uallach airson mu 720 mìle ceàrnagach de chuid den àilleachd is suaichaintich ann an Alba, bidh Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a' direadh a chuid obrach air trì priomh thoraidhean: Glèidhreachas, Luchd-tadhail is Leasachadh Dùthchail.

Tha cur-ri-chèile is lìbhrigeadh Plana Gàidhlig glè iomchaidh a rèir obair ar buidhne agus tha sinn ann an deagh shuidheachadh amasan Bòrd na Gàidhlig a chur air adhart.

Taobh a-staigh ar raon-ùghdarrais a thaobh Glèidhreachais, tuigidh Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta gum feumar ar dualchas cultarach a ghlèidheil, agus aithnichidh sinn an ròl a th' aig a' Ghàidhlig sa chùis seo. Bidh buaidh aig ar n-obair a thaobh Luchd-tadhail air còrr is 3.5 million neach gach bliadhna taobh a-staigh na Pàirce agus is soilleir gun toir seo cothrom dhuinn aire a tharraing don Ghàidhlig am measg an luchd-tadhail farsaing iol-ghnèitheach seo. Agus os rud e gu bheil sinn freagarrach às Leasachadh Dùthchail, tha cothrom againn dèanamh cinnteach gu bheil adhartas na Gàidhlig air aithneachadh air feadh ar coimhearsnachdan thar na Pàirce.

Tha mi pròiseil am Plana Gàidhlig seo a thoirt am follais mar dhearbhadh gu bheil ar buidheann dealasach mun chànan, agus tha mi an dùchas gum bithear gar n-aithneachadh mar bhuidheann a chuir gu mòr ri dòn is leasachadh a' chànan ar feadh na dùthcha.



Fiona Logan  
Àrd-oifigear

# Clàr-innse

## Geàrr-chunntas

### Structar a' Phlana Ghàidhlig

<b>Caibideil 1</b>	<b>Ro-ràdh</b>
	<ul style="list-style-type: none"><li>• Co-theacs Planaichean Gàidhlig a chur ri chèile</li></ul>
<b>Caibideil 2</b>	<b>Priomh Dhleastanasan</b>
	<ul style="list-style-type: none"><li>• Dearbh-aithne</li><li>• Conaltradh</li><li>• Foillseachaidhean</li><li>• Luchd-obrach</li></ul>
<b>Caibideil 3</b>	<b>Brìgh poileasaidh do Ghàidhlig: a' cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig</b>
	<ul style="list-style-type: none"><li>• Togail Cànan</li><li>• Cleachdadadh Cànan</li><li>• Inbhe Cànan</li><li>• Corpas Cànan</li></ul>
<b>Caibideil 4</b>	<b>Cur-an-gnìomh agus Sgrùdadadh</b>

Fios conaltraidh

## Geàrr-chunntas

1. Aithnichidh Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (ÙPNLLT) gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt cho-fhillte de dhualchas, de dhearbh-aithne nàiseanta is de bheatha chultarach na h-Alba. Tha ÙPNLLT dealasach a thaobh nan amasan ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus tha sinn air na tha riatanach de structairean is de dh'iomairtean a chur an-sàs a chor is gum mair a' Ghàidhlig gu leantainneach ann an Alba.
2. Aithnichidh ÙPNLLT gu bheil suidheachadh na Gàidhlig glè chugallach agus, ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheòthachadh mar chànan ann an Alba, gu bheil cruaidh-oidhearp aonaichte a dhìth on riaghaltais, o na h-earrannan poblach is prìobhaideach, o bhuidhnean coimhairsnachd agus o luchd-labhairt air leth a chor is gum bithear:
  - *a' cur ri inbhe na Gàidhlig;*
  - *ag adhartachadh togail is ionnsachaidh na Gàidhlig;*
  - *a' brosnachadh tuilleadh cleachdaidh dhen Ghàidhlig.*
3. 'S e an sgriobhainn seo Plana Gàidhlig ÙPNLLT agus chaidh ullachadh a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Cuiridh e an cèill mar a bhios sinne a' cleachdadh na Gàidhlig nar n-obair, a' cur nar comas Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ris a' phobal 's ri ar prìomh chom-pàirticean, agus ag adhartachadh is a' leasachadh na Gàidhlig.
4. Chaidh Plana Gàidhlig ÙPNLLT ullachadh a rèir slatan-tomhais reachdail Achd 2005, 's a thaobh *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus *Treòr a thaobh Planaichean Gàidhlig a Leasachadh*.

## **Structair a' Phlana Ghàidhlig**

5. 'S iad prìomh cho-phàirtean ar Plana Gàidhlig:

### ***Caibideil 1 – Ro-ràdh***

6. Sa chaibideil seo tha cùl-sgeul is co-theacsa a bhuineas ri ullachadh Phlanaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structair prìomh raointean-obrach ÙPNLLT. Cuideachd tha geàrr-chunntas ann mu mhapa-sgaoilidh na Gàidhlig.

### ***Caibideil 2 – Prìomh Dhleastanasan***

7. Cuirear an cèill sa chaibideil seo mar a bhios ÙPNLLT a' cleachdad, agus a' cur an comas cleachdad, na Gàidhlig mar a bhuineas i ri ar prìomh obraichean. Dèiligidh seo ri ar prìomh raointean-obrach leithid suaicheantas corporra, soighnichean, conaltradh ris a' phobal agus cleachdad na Gàidhlig air ar làrach-lìn. Cuirear an cèill sa chaibideil seo an ìre as bunaithe de Ghàidhlig a tha sinne fo dhealas a sholarachadh fhad 's a mhaireas am Plana.

### ***Caibideil 3 – Brìgh poileasaidh do Ghàidhlig: cur-an-gníomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig***

8. Cuirear an cèill sa chaibideil seo mar a chuidicheas ÙPNLLT ann a bhith a' cur an gníomh *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*. Cuideachd, seallar mar a tha sinn am beachd Gàidhlig adhartachadh ann an raointean àraig den phoileasaidh againn, leithid fastadh luchd-obrach. Seallaidh an caibideil seo cuideachd mar a bheir sinn àite don Ghàidhlig is don Phlana againn agus sinn a' cur phoileasaidhean ùra ri chèile agus a' beachdachadh air iomairtean ùra.

### ***Caibideil 4 – Cur-an-gníomh agus Sgrùdadadh***

9. Tha an caibideil seo a' cur an cèill mar a thèid cur-an-gníomh ar Plana Gàidhlig a thoirt air adhart, agus mar a bhithear a' sgrùdadadh sin agus na thachras mar thoradh.

## **Caibideil 1 - Ro-Ràdh**

### **Co-theacs Planaichean Gàidhlig a chur ri chèile**

*10. Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus cur a-mach brath:*

11. Chaidh gabhail ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aig Pàrlamaid na h-Alba agus e san amharc inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil Albannach a chumail tèarainte, agus i co-ionann ris a' Bheurla a thaobh meas.
12. 'S e fear de phrìomh phàirtean Achd 2005 gum bi e an comas Bòrd na Gàidhlig toirt air buidhnean phoblach mar rud riatanach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh seo a chur ri chèile gus dèanamh cinnteach gun dèan earrann phoblach na h-Alba a dleastanas ann a bhith a' cruthachadh suidheachadh maireannach don Ghàidhlig le bhith a' cur ri h-inbhe 's ri h-iomhaigh 's a' cruthachadh chothroman phractaigeach a chor is gun cleachdar i.

### **Co-chomhairleachadh air dreachd Plana Gàidhlig:**

13. Tha e riatanach fo Achd 2005 gun toir buidhnean phoblach ullachadh nam Planaichean Gàidhlig aca gu aire a h-uile neach is eile aig a bheil ùidh sa chùis. Bha an dreachd plana seo ri fhaicinn air làrach-lìn is ann an ofisean uile ÙPNLLT agus ann an àiteachan so-ruigsinneach eile. Cuideachd, chaidh litir a chur gu gach prìomh neach is eile a tha an-sàs sa chùis a dh'innse dhaibh mun cho-chomhairleachadh agus a' tarraing aire don cheangal ri seo air an làrach-lìn (bha lethbhric clo-bhuailte ri fhaotainn ach iarraidh orra). Cuideachd, dh'amais sinn air coimhearsnachdan is buidhnean aig a bheil ùidh shònraichte sa Ghàidhlig. Chum ÙPNLLT co-chomhairleachadh phoblach mun dreachd phlana ann am Faoilleach 's an Gearran 2011, agus tha sinn air aire a thoirt air na fhuair sinn de fhreagairtean ri linn pròiseas na co-chomhairleachaidh agus na dèidh.

*14. Aonta ri Plana Gàidhlig Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean:*

15. Aon uair 's gun deachaidh aonta a ruigheachd le Bòrd na Pàirce Nàiseanta, chaidh Plana Gàidhlig ÙPNLLT a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig gus tuilleadh mholaidhean a chur ris na molaidhean tùsail a rinneadh ann an Damhair 2011.
16. Chaidh am plana seo aontachadh aig coinneamh Bòrd na Gàidhlig air 13 Dubhlachd 2011

**Sealladh farsaing air obair Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, agus cleachdadadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar raon-obrach.**

### **16. Cùl-fhiosrachadh mun Ùghdarris**

17. Chaidh Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a chur air bhonn air 8 luchar 2002, agus bha Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (ÙPNLLT) fo làn siùil – a' gabhail ris na cumhachdan reachdail uile aca – air 19 luchar 2002.
18. Chaidh ÙPNLLT a dhealbh gu bhith mar bhuidheann a nì an dà chuid cur-an-comas agus libhridgeadh, ag adhartachadh obair le com-pàirtichean agus a' toirt stiùiridh do na tha an-sàs sa Phàirc. Cha dèan sinn obair bhuidhnean eile, leithid bhuidhnean iomairteach neo Dualchas Nàdair h-Alba, ach nì sinn cinnteach gum bithear a' dèildeadh air dòigh cho-cheangailte ri pròiseactan is iomairtean a choileanas ceithir amasan na Pàirce.
19. Le còrr is 120 luchd-obrach agus 17 buill air ar bòrd, tha caochladh dhleastanasan reachdail aig Ùghdarris na Pàirce, nam measg stiùir a thaobh so-ruigsinneachd a-muigh na Pàirce, planaidh is leasachaидh, cur-ri-chèile Plana Ionadail agus foillseachadh Plana Nàiseanta Pàirce.
20. Tha sinn air ar maoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus curidh na Ministearan Albannach sianar de bhuill ar bùird an dreuchd dhuinn. Bithear ag ainmeachadh sianar eile airson ar bùird leis na ceithir comhairlean ann an sgìre na Pàirce – Earra-Ghàidheal is Bòid (2), Sruighlea (2), Siòrrachd Dhùn Breatainn an lar (1) agus Peairt is Ceann Rois (1), agus thèid còignear a thaghadh gu h-ionadail. Tron bhòrd againn tha sinn freagarrach do Mhinistear na h-Àrainneachd 's uime sin don Phàrlamaid Albannach.

### **21. Gàidhlig taobh a-staigh raon-obrach an Ùghdarrais**

22. Tha àireamh-shluagh de mu 15,600 neach-còmhnaidh ann am Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, tha i 720 mile<sup>2</sup> de leud agus thig i fo cheithir ùghdarrasan sgìreil ionadaile:
  - Sruighlea
  - Earra-Ghàidheal & Bòid
  - Siòrrachd Dhùn Breatainn an lar
  - Peairt is Ceann Rois

23. Tha eachdraidh agus dualchas saidhbhir aig Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a thaobh chànanan. Tha fianais ann gun robh làmh an uachdair aig a' Ghàidhlig san sgìre seo agus gun do chròn i san 19mh linn. Tha a' chuid is mothà de na h-ainmean-àite a th' ann an-diugh air tighinn às a' Ghaidhlig bho thùs, agus tha ainmean Gàidhlig air pàirt mòr de dh'aodann na tire, leithid bheanntan, ghleanntan is aibhnichean.
24. Tha Cunntas-sluagh 2001 a' sealltainn gun robh 355 neach-labhairt Gàidhlig anns a' Phàirc Nàiseanta (2.3% den t-sluagh). Cuideachd, tha e ag ràdh gun robh 565 (3.6%) ann aig an robh eòlas a choireigin air a' Ghàidhlig, àireamh a chaidh sìos o 9.5% ann an Cunntas-sluagh 1991.
25. Chan eil sgoil Ghàidhlig sam bith sa Phàirc Nàiseanta, ged is dòcha gum bi pàistean ionadail a' frithealadh sgoiltean taobh a-muigh na sgìre. Bidh Àrd-Sgoil Mhic Labhrainn, an aon àrd-sgoil sa Phàirc Nàiseanta, a' tabhann Gàidhlig aig Àrd-Ìre mar chuspair roghnaichte, far am bi sgoilearan ga h-ionnsachadh tro aonad ann an Sruighlea, far a bheil cuideachd roghainn de dh'fhoghla姆 tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil. An ceartuair tha aona sgoilear aig Sgoil Mhic Labhrainn ag ionnsachadh Gàidhlig aig Àrd-Ìre (thòisich dithis sgoilear is aona neach-teagaisg air seo ann an 2009-10). Gidheadh, thathar a' teagasc Gàidhlig mar an dùrna cànan gu cunbalach ann am Bun-sgoiltean na Crion-làraich, Chill Fhinn, An Iomaire Riabhaich, Chalasraid, nan Tròisichean, a' Ghairt Mhòir agus Phort Theadhaich.
26. Tha grunn bhuidhnean Gàidhlig air chois anns a' Phàirc neo faisg oirre, a' tabhann sheirbheisean ann an cànan is cultar na Gàidhlig, neo a' coinneachadh ri chèile air sgàth rudan sòisealta, leithid ciùil neo coiseachd. Am measg a leithid seo a bhuidhnean tha Fòram Gàidhlig Dhùn Breatainn, a ghabh ùidh ghnìomhach ann an obair ÙnPN a thaobh Gàidhlig. Cuideachd, tha dlùth-cheangail aig a' Phàirc Nàiseanta ri Fèis Fhoirt, a' toirt seachad tabhartasan airgid cho math ri diofar chothroman tachartasan a chur air dòigh. Thathar a' faicinn gu bheil buannachdan sa chaidreamh seo don a h-uile buidheann uair is uair. (Faic Eàrr-Ràdh 1).
27. O thaobh na h-Alba dheth, b' e an lìon iomlan de dhaoine a tha clàraichte a bhith comasach air Gàidhlig a labhairt agus/neo a leughadh agus/neo a sgrìobhadh agus/neo a thuigsinn ann an Cunntas-sluagh 2001 ach 92,400 (1.9% de shluagh na h-Alba). Dhiubhsan, b' e an lìon iomlan de dhaoine a bha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn ach 58,652 (1.15% de shluagh na h-Alba).
28. Ged a chròn lìon nan daoine aig an robh Gàidhlig san fharsaingeachd on Chunntas roimhe, mheudaich lìon nan daoine a bha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh is a sgrìobhadh eadar 1991 is 2001, a' cur an cèill meudachd a thaobh littearrachd na Gàidhlig cho math ri àrdachadh ann an luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Cuideachd, mheudaich lìon nam pàistean eadar 5 - 15 bliadhna dh'aois a bha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn eadar 1991 is 2001.

29. Thòisich Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) ann an Alba sa bhliadhna 1985. Mheudaich lion nan sgoilearan gu luath gu ruige deireadh nan 90an agus on uair sin tha fàs rud beag nas moille air a bhith ann. Ann an seisean 2008-9, bha 2,206 sgoilearan bun-sgoile a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus 397 sna h-àrd-sgoiltean. Bha dà bhun-sgoil Ghàidhlig neo-eisimealach ann, cho math ri 58 sgoiltean Gàidhlig, a bha roinnte a thaobh na h-aoise, far an robhar a' teagasg tro mheadhan na Beurla cuideachd. Bha aon àrd-sgoil a bha a' teagasg cha mhòr a h-uile cuspair tro mheadhan na Gàidhlig, agus bha 18 a' teagasg cuid de chuspairean tro bhith a' cleachdadach Gàidhlig. Cha tuig a' mhòr-chuid de sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an cànan nuair a thòisicheas iad sa chròileagan, ach bidh cuid a thog a' Ghàidhlig aig an taigh.
30. Chan eil àireamh neo figear daingeann ceart ann a thaobh luchd-ionnsachaидh neo-fhileanta. Gidheadh, chaидh fhaotainn a-mach ri linn sgrùdadh nàiseanta sa bhliadhna 1995 air sgàth Comann na Gàidhlig, buidheann leasachaидh na Gàidhlig, gun robh mu thuaiream air 8,000 dhiubh ann an Alba.
31. Cuiridh *Plàna Nàiseanta na Gàidhlig* aig Bòrd na Gàidhlig targaidean soilleir an cèill (td.15) a thaobh lion luchd-labhairt na Gàidhlig thar na 35 bliadhna a tha air thoiseach oirnn, mar a leanas:
- 65,000 neach-labhairt & 4,000 pàiste ann an sgoiltean FMG gach bliadhna mu 2021
  - 75,000 neach-labhairt & 10,000 pàiste ann an sgoiltean FMG mu 2031; agus
  - 100,000 neach-labhairt & 50,000 pàiste ann an sgoiltean FMG mu 2041
32. Neo-air-thaing lion san fharsaingeachd de luchd-labhairt na Gàidhlig, faodar a bhith an dùil gum meudaich litearrachd, luchd-ionnsachaيدh fileanta agus FMG, a chruthaicheas tuilleadh iarrtais air seirbheisean.
33. **Gàidhlig taobh a-staigh Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean:**
34. Aithnichidh ÙPNLLT gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt co-fhillte de dhualchas, de dhearbh-aithne nàiseanta is de bheatha chultarach na h-Alba, agus tha sinne mu-thràth fo dhealas grunn ghniomhan, an dà chuid cuide ri luchd-obrach agus ris an t-sluagh, a chuidicheas ann a bhith a' cur ri cànan is cultar na Gàidhlig.
35. An-dràsta, chan eil e clàraichte cia mheud neach-obrach neo ball bùird a tha fileanta sa Ghàidhlig, a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig neo aig a bheil comas Gàidhlig a leughadh neo a sgrìobhadh, ged a tha diofar ìrean de dh'eòlas oirre am measg luchd-obrach ÙPNLLT agus buill a' bhùird.

36. Aon phrìomh dhleastanas sa Phlana Ghàidhlig, 's e gum bithear a' cumail suirbhidh gus faighinn a-mach cia mheud neach-obrach aig a bheil comas Gàidhlig a labhairt, a leughadh agus/neo a sgrìobhadh, agus cuideachd cia mheud neach-ionnsachaidh a tha ann agus cia mheud aig a bheil ùidh ann a bhith ga h-ionnsachadh. Leigidh am fiosrachadh seo linn feum a chur air, agus cur ri, sgilean ar luchd-obrach, cho math ri ire-chleachdaidh na Gàidhlig am measg an luchd-obrach a neartachadh.
37. Ri linn leasachadh an dreachd phlana seo, cuiridh sinn air dòigh sreach de chùrsaichean ann am Mothachadh na Gàidhlig, càrsaichean far am bi cothrom aig a h-uile neach-obrach agus ball bùird frithealadh.
38. An-dràsta, chan eil poileasaidh againn a thaobh cleachdadadh na Gàidhlig a ghabhas gach rud a-steach. Ach tha poileasaidh againn a thaobh eadar-mhìneachaidh air a bheil *Language and Interpretation: The use of Gaelic and other Languages in Informative and interpretive Media* (Cànan is Eadar-mhìneachadh: Cleachdadadh na Gàidhlig is Chànanan eile ann am Meadhanan Fiosrachaидh is Eadar-mhìneachaidh). San aithghearrachd, molaidh e gu bheil cleachdadadh is adhartachadh na Gàidhlig, chan ann a-mhàin mar rud a bhuineas ris a' mhòr-chuid de dh'ainmean-àite na sgìre, agus uime sin gur h-i canan nan daoine a bha ann bho chian, ach cuideachd mar rud a dhùisgeas pàirt cudromach de dhualchas an latha a dh'halbh agus an latha a th' ann ann am beatha na h-Alba.
39. Chaidh an poileasaidh a chur gu feum ann a bhith a' cruthachadh stuthan eadar-mhìneachaidh agus adhartachaidh. Chuir sinn ri chèile leagan Gàidhlig de mhapa na Pàirce Nàiseanta a tha mar am pàirt meadhanach de bhileag a dh'innseas mun Phàirc. Tha a' bhileag seo air a bhith ri fhaotainn air feadh ar sgìre bho 2005. Thèid a cur ri chèile gu h-às ùr gus a h-ath-sgaoileadh mar phàirt dhen phlana seo
40. Tha ainmean-àite Gàidhlig bho air feadh na Pàirce Nàiseanta mar obair-shnaighe air dorsan is uinneagan taobh-a-staigh ar Priomh Oifis, a chaidh a thogail ann am Bealach sa bhliadhna 2008.
41. Tha leagan Gàidhlig den t-suaicheantas chorporra againn ann agus thèid seo a chur gu feum nuair is iomchaidh sin ann am foillseachaidhean, air ar làrach-lìn, air litrichean, air bileagan-taing agus air cairtean-gniomhachais. Cuideachd, thathar a' cur feum air Gàidhlig an-dràsta fhèin air soighnichean is comharrайдhean stairsneach na Pàirce (bu chòir a thoirt fa-near nach eil riatanas reachdail sam bith air ÙPNLLT a thaobh soighnichean neo eadar-mhìneachaidh).

## Caibideil 2 - Priomh Dhleastanasan

42. San sgriobhainn reachdail aca, *Guidance on the Development of Gaelic Language Plans / Treòr a thaobh Planaichean Gàidhlig a Leasachadh*, bheir Bòrd na Gàidhlig an aire gur e a bhith a' cruthachadh àrainneachd iomchaidh a chor 's gun cleachdar a' Ghàidhlig sa bheatha phoblach fear dhe na priomh cho-phàirtean de dh'ath-bheòthachadh cànan. Tha am Bòrd air ceithir priomh raointean a thaobh lìbhrigeadh seirbheis ainmeachadh a tha iad ag iarraidh air buidhnean phoblach aghaidh a chur riutha agus iad ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig:-
43. *Dearbh-aithne:*      *dearbh-aithne chorporra*  
                                  *1. soighnichean*
44. *Conaltradh:*        *ionad-fàilte*  
                                  *1. fòn*  
                                  *2. post is post-d*  
                                  *3. foirmean*  
                                  *4. coinneamhan poblach*  
                                  *5. casaidean a dhèanamh*
45. *Foilseachaidhean:*    *caidreamh poblach is na meadhanan*  
                                  *1. stuth clò-bhualite*  
                                  *2. làraichean-lìn*  
                                  *3. taisbeanaidhean*
46. *Luchd-obrach:*      *trèanadh*  
                                  *1. ionnsachadh cànan*  
                                  *2. fastachd*  
                                  *3. sanasachd*
47. Bheir an earrann-sa den phlana mion-fhiosrachadh mu dhleastanasan ÙPNLLT ann a bhith a' cumail ri Treòr a thaobh Planaichean Gàidhlig a Leasachadh aig a' Bhòrd.
48. 'S e structair gach obair fa leth mar a leanas:
- Fiosrachadh air na tha a' dol an-dràsta
  - Priomh raointean leasachaидh
  - Targaidean
  - Sgèile-tìme
  - Priomh Stiùireadh

## **Cur-an-gniomh Frèama Riaghaltas na h-Alba a thaobh Amasan Ro-Innleachdail agus Coileanadh Nàiseanta**

49. Tha ÙPNLLT dealasach gun toirear amasan Riaghaltas na h-Alba a-mach. Ainmichidh sinn na h-amasan ro-innleachdail a bhios ar Plana Gàidhlig a' cuideachadh agus curidh sinn iad seo mar thiotail fo gach gniomh a nì sinn, le h-àireamh a bhuineas ris an amas ionchaidh.

### **Amasan Ro-innleachdail:**

- Nas Saidhbhre & Nas Cothromaiche
- Nas Sgiobalta
- Nas Fhallaine
- Nas Sàbhailte & Nas Làidire
- Nas Fheàrr a thaobh na h-Àrainneachd (nas Uaine)

### **Toraidhean a thaobh Frèama Coileanadh Nàiseanta an Riaghaltais :**

50. Tha sinn nar còmhnaidh ann an Alba, an dùthaich is tarraingiche a thaobh malairt is eile a dhèanamh leis an Roinn Eòrpa.
51. Aithnichidh sinn ar làn-chomasan eaonamach le barrachd cothroman-obrach as fheàrr do na daoine againn.
52. Tha sinn nas foghlaimichte, nas sgileil agus nas soirbheachail, 's cliù oirnn air sgàth ar rannsachaидh is ar n-ùr-ghnàthachaидh.
53. Tha ar n-òigridh soirbheachail a thaobh foghlaim, misneachail mar dhaoine, math air cur ri beatha is eile agus earbsach cùramach mar dhaoine.
54. 'S ann aig ar pàistean a tha an toiseach-tòisichidh as fheàrr 's iad ullamh a bhith soirbheachail.
55. Tha sinn a' tighinn beò nas fhaide is nas fhallaine.
56. Tha sinn air dol an gleac ris na cùisean as mothà a thaobh neo-cho-ionannachd ann an comann-dhaoine na h-Alba.
57. Tha sinn air cothroman-beatha a chur am feabhas airson phàistean, dhaoine òga agus theaghlaichean a tha fo chunnart.
58. Tha sinn beò gu sàbhailte o eucoir, o mhì-rian agus o chunnart.
59. Tha sinn nar còmhnaidh ann an ionadan deagh-dhealbhte is maireannach far a bheil cothrom againn air na goireasan is na seirbheisean a tha a dhìth oirnn.
60. Tha coimhearsnachdan làidir tapaidh taiceil againn far an gabh daoine orra fhèin uallach na nì iad, agus a thuigeas a' bhuaidh aig sin air càch.
61. Cuiridh sinn luach nar n-àrainneachd, an dà chuid nàdarra agus togte, gabhaidh sinn tlachd aiste agus nì sinn a dòn is cuiridh sinn rithe air sgàth nan ginealach ri teachd.
62. Tha sinn pròiseil às ar dearbh-aithne nàiseanta, a tha làidir cothromach agus nach cuir casg neo bacadh air càch air dòigh sam bith.
63. Bidh sinn a' lughdachadh na buaidhe a th' aig na chaitheas is na chuireas sinn a-mach gu h-ionadail agus air feadh na cruinne.
64. Tha ar seirbheisean poblach aig àrd-ire, a' sìor-dhol am feabhas, eifeachdach agus a rèir feumalachdan dhaoine ionadaile.

## Earrann 1 - Dearbh-aithne

### Adhbhar:

65. Tha gu bheil Gàidhlig ri fhacinn ann an dearbh-aithne chorporra is soighnichean buidhinn phoblaich mar a' bhuidheann agaïnn a' cur gu mòr ri follaiseachd is inbhe a' chànan, agus bidh seo ag rèadh rudeigin cudromach mu mar a bhithear a' cur luach sa Ghàidhlig 's a bhith a' toirt aitheantais dhi. Cuideachd, faodaidh leasachadh cleachadh na Gàidhlig tro shoighnichean a bhith a' cur ri saidhbhreas briathrachais luchd-labhairt, a' tarraing aire a' mhòr-shluaign don chànan agus a' cuideachadh ann a bhith ga leasachadh.

**66. Tuigidh ÙPNLLT cho cudromach 's a thà e tuilleadh follaiseachd a thoirt don Ghàidhlig agus a bhith a' cur ri h-inbhe.**

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharrайдhean Coileanaidh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>Dearbh-aithne Chorporra</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Tha leagan Gàidhlig againn de shuaicheantas corporra ÙPNLLT, cho math ri treòr air mar a chealachdar sin. Tha an t-suaicheantas ri fhàicinn air ar làrach-lin agus nar foillseachaidhean. Cuideachd, tha soighnichean slighe-a-steach na Pàirce a' cur feum air Gàidhlig an ceartuair. 'S ann sa Bheurla a tha an t-suaicheantas a chaidh aontachadh airson na bheil seo iomchaidh is cothromach a rèir luchd-tadhail. Tha aon leagan de shuaicheantas 'teaghlaich' ÙPNLLT ann a chleachdas Gàidhlig.				
<b>Priomh raoíntean leasachaidh</b>	Fiosrachadh gu h-às ùr a chur a-mach mun t-suaicheantas, cho math ri trèanadh far is iomchaidh sin, don luchd-obrach uile.	Treòr a chur a-mach.	Luchd-obrach comasach air leagan Gàidhlig den t-suaicheantas a chleachdadh gun chomhairle/chuid eachadh	Sgioba Conaltraidh.	Fad 's a mhàireas am Plana.
	Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh ar suaicheantais Ghàidhlig. Ma bhithear a' cur suaicheantas ùr sam bith air chois san àm ri teachd, thèid beachdachadh air leagan dà-chànanach.		Cur ri follaiseachd na Gàidhlig.	Sgioba Conaltraidh.	Fad 's a mhàireas am Plana.
	Nì sinn obair le com-pàirtichean gus modh-obrach a chruthachadh a thaobh cuin, is far, is ciamar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an suaicheantas na Pàirce.	Treòr gu bhith cuirte ri chèile agus leagan Gàidhlig den t-suaicheantas ri bhith air a chleachdadh.	Cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh ri linn cothroman suaicheantais	Sgioba Turasachd	Fad 's a mhàireas am Plana.
Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair:		Amasan 1,2	Amasan 1,2	Toraidhean 7,11,12,13,15	

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileannaidh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>68. Soighnichean (a-staigh 's a-muiugh):</b>					
Na tha a' dol an-dràsta	Chan eil treòr ri fhaotainn an-dràsta mu chleachdadh na Gàidhlig air soighnichean				
Priomh raointeann leasachaidh	Cuiridh sinn treòr air ðòigh mu chleachdadh na Gàidhlig air soighnichean a-staigh 's a-muiugh ann an co-bhonn ri Bòrd na Gàidhlig	Treòr ri bhith cuirte ri cheile 's cuirte a-mach don luchd-obrach	Treòr a bhith cuirte ri cheile	Sgioba Conaltraidh	Mu dheireadh 2011
	Leanaidh sinn oirnn leis na soighnichean Gàidhlig a tha a-staigh 's a-muiugh mu-thràth	Cumail-suas na th' ann de shoighnichean an-dràsta aig a' char as luga	Follaiseachd Gàidhlig fhathast a bhith ann an oilsean ÜPNLLT	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair:	Amasan 1,2: Toraidhean 7,11,12,13,15				

## Earrann 2 – Conaltradh

69. Tha cleachdadhd na Gàidhlig, aig ciad iire conaltraidh eadar am mòr-shluagh agus ùghdarris poblach, a' meudachadh na chithlear is na chluinnear den chànan, agus curridh seo ris an fhaireachdaim gu bheilear a' cur fàilte air cothrom is cleachdadhd na Gàidhlig. A bharrachd air a bhith a' togail lomhaigh a' chànan, tha seo cuideachd a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus a cleachdadhd agus a' brosnachadh dhaonne a' Ghàidhlig a chur gu feum ma thig orra déligeadh ris an ùghdarris phoblach sin a-rithist.

70. Tha cleachdadhd na Gàidhlig ann a bhith a' déanamh eadar-ghniomhachd ris an ùghdarris tro phost is air an fhòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus an cànan a chleachdadhd, agus ann a bhith a' cur ris an fhaireachdaim gu bheilear a' cur fàilte air cothrom is cleachdadhd a' chànan. Faodaidh làthaireachd na Gàidhlig ann an raon farsaing de dh'fhoirmean dà-chànanach, neo Gàidhlig a-mhàin, cur gu mòr ri follaiseachd agus inbhe a' chànan. Faodaidh ullachadh de leagan Gàidhlig de dh'fhoirmean, de bhileagan-iarrtais agus a leithid cuideachd a bhith mar chuid eachadh ann a bhith a' leudachadh briathrachas na Gàidhlig agus mothachadh luchd-labhairt na Gàidhlig don leithid sin de bhiathrachas, uime sin a' cur ri leasachadh a' chànan fhèin.

**71. Aithnichidh ÙPNLLT cho cudromach 's a tha e gun cruthaichear cothroman pragtaigeach Gàidhlig a chleachdadhd ann an raon farsaing de shuidheachaidhean àbhaisteach, agus tha sinn fo dh/leastanas ire a solatharachaidh a mheudachadh san raon seo.**

<b>Obair Leasachaidh</b>	<b>Gniomhan</b>	<b>Targaidean</b>	<b>Comharrайдhean Coileanaidh</b>	<b>Priomh Stiùireadh</b>	<b>Sgèile-Time</b>
<b>72. Ionad-fàilte:</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Chan eil treòr ri fhaotainn an-dràsta a thaobh dèlligeadh ri iarrasan is ceistean sa Ghàidhlig.				
<b>Priomh raointean leasachaidh</b>	Gach neach-obrach, iadsan san ionad-fàilte nam measg, gu bhith a' faighinn trìanadh ann am Mothachadh na Gàidhlig.	Trèanadh ri bhith air a chur air dòigh don luchd-obrach is do bhuill a' bhùird uile. Bidh barrachd mothachaidh is tuigse aig an luchd-obrach air Dualchas is Cànan na Gàidhlig.	Cùrsaichean ann am Mothachadh na Gàidhlig gu bhith air an cur air dòigh don luchd-obrach uile. Bidh barrachd mothachaidh is tuigse aig an luchd-obrach air Dualchas is Cànan na Gàidhlig.	Seirbeisean Gniomhachai s.	Air feadh 2011.
		Curridh sinn air dòigh treòr don luchd-obrach san ionad-fàilte air ciamar a dhèiligeas iad ri iarrasan is ceistean o luchd-Gàidhlig.	Treòr a chur a-mach don luchd-obrach san ionad-fàilte.	Sgrùdadh is clàradh air àireamh iarrasan Gàidhlig. Luchd-obrach a tha comasach déildeadh ri iarrasan Gàidhlig.	Sgioba Conaltraidh
		Tairgse èasgaidh gu bheil Gàidhlig ri fhaotainn a rèir iarras ri bhith air a cur air dòigh.	A dhèanamh cinnteach gu bheil tairgse èasgaidh de Gàidhlig ri fhaotainn gu soilleir.	Tha am poball mothachail gu bheil conaltraidh sa Gàidhlig mar roghainn aca.	Damhair 2011
		Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair:	Amasan 1,2	Toraidhean 7,11,12,15	

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraidhean Colleanaidh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<i>73. Fòn:</i>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Chan eil treòr ri fhaotainn an ceartuair a thaobh dèlligeadh ri glaoordan-fòn sa Ghàidhlig.				
<b>Priomh raointean leasachaidh</b>	Cuiridh sinn treòr air dòigh don luchd-obrach air ciamar a dhèlligeas iad ri Gàidhlig air an fhòn.	Treòr a chur a-mach don luchd-obrach. Dèlligear ri gach glaodh-fòn le cuideigin sa bhad air neo thèid an cur air adhart gu cuideigin a tha comasach air freagairt a thoirt.	Àireamh nan glaoordan-fòn a gheibhearr sa Ghàidhlig a sgrùadhach is a chiàradh.	Sgioba Conaltraidh.	Damhair 2011.
	Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair.	Amasan 1,2: Toraidhean 7,11,12,15			

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>74. Post is Post-d:</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Thathar a' cleachdadh suaireantas Gàidhlig air leagan àraid de thioitailean-litreach.				
<b>Priomh raointeann leasachaidh</b>	Cuiridh sinn treòr air dòigh don luchd-obrach air ciamaid a dhèiligeas iad ri litrichean is puist-d sa Ghàidhlig.  Gach litir neo post-d sa Ghàidhlig a bhith air an cur gu ball den luchd-obrach agus/neo gu seirbheis eadar-theangachaidh earbsach airson freagairt.	Treòr a chur a-mach don luchd-obrach uile.	Aireamh nam post-d/nan litrichean Gàidhlig a sgrùdadh.	Sgioba Conaltraidh.	Ògmhios 2011.
	Cumaidh sinn oirnn le tiotailean-litreach sa Ghàidhlig	A chur air adhart gu bheil sinn deiseil is deònach stuthan-conaltraidh fhàighinn's a fhreagairt sa Ghàidhlig. Cùnnradh le seirbheis eadar-theangachaidh earbsach.	Aireamh nam post-d/nan litrichean a gheibhearr sa Ghàidhlig a sgrùdadh.	Sgioba Conaltraidh.	Fad 's a mhaireas am Plana.
	Tairgse èasgaidh gu bheil Gàidhlig ri fhaotainn ach iarraidh oirre gu bhith air a cur air dòigh.	A' dol air adhart.		Fad 's a mhaireas am Plana.	
	Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair:	Amasan 1,2 Toraidhean 7,11,12,15	A dhèanamh cinnteach gu bheil tairgse èasgaidh na Gàidhlig soilleir. Gabhaidh seo a-steach follaiseachd air làrach-lìn na Pàirce Nàiseanta.	Sgioba Conaltraidh.	Deireadh 2011.

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>75. Foirmean:</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Chan eil treòr ri fhaotainn an-dràsta a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann am foirmean.				
<b>Priomh raointeann leasachaidh</b>	Cuiridh sinn treòr air dòigh don luchd-obrach a thaobh mar a dhèiligeas ri foirmean o luchd na Gàidhlig.	Treòr a chur a-mach don luchd-obrach.	Àireamh nam foirmean Gàidhlig a sgrùdadh is a chlàradh.	Sgioba Conaltraidh.	Samhain 2011.
	Cuiridh sinn air adhart gu h-éasgaidh ar deastanas gabhail ri foirmean Gàidhlig.	Ar mionn air iartasan obrach, tabhartasan-airgid is trànaidh, 's air ar làrach-lìn.	Ar mionn a bhith soilleir air foirmean's air ar làrach-lìn.	Sgioba Conaltraidh is Seirbheisean Corporra.	Samhain 2011.
	Gabhaidh sinn ris a h-uile foirm a tha lionta sa Ghàidhlig agus iad a fhreagairt sa Ghàidhlig le cobhair o sheirbheis eadar-theangachaidh.	Treòr a chur a-mach don luchd-obrach. Cunnradh le seirbheis eadar-theangachaidh earbsach.	Àireamh nam foirmean a sgrùdadh is a chlàradh.	Sgioba Conaltraidh.	Samhain 2011.
	Tairgse èasgaidh a thaobh 's gu bheil Gàidhlig ri fhaotainn ach iarraidh oirre.	Nì sinn cinteach gu bheil tairgse èasgaidh de Ghàidhlig soilleir.	Am poball a bhith mothachail gu bheil conaltraidh sa Ghàidhlig ann mar roghainn.	Sgioba Conaltraidh.	Deireadh 2011.
	Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair.	Anasan 1,2 Toraidhean 7,11,12,15			

Obair Leasachaidh	Gníomhan	Targaidean	Comharrайдhean Coileanaidh	Priomh Stiùreadh	Sgèile-Time
<b>76. Coinneamhan Poblach:</b>  <b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Chan eil poileasaidh ri fhaotainn an ceartuair.		Seo a thoirt a-steach mar dheuchainn agus a shoirbeas a sgrùdadh fa chomhair 2013.	A shoirbeas / mar a chaidh gabhail ris an sgrùdadh.	Seirbheisean Corporra.

Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach  
lomchaidh a fhuair cobhair.

Amasan 1,2  
Toraidhean 7,11,12,15

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharrайдhean Colleanaидh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>77. Modh Chasaideam:</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Chan eil treòr ri fhaotainn an-dràsta.				
<b>Priomh raointeан leasachaidh</b>	Cuiridh sinn treòr air dòigh don luchd-obrach a thaobh mar a dhèiligear ri casaidean sa Ghàidhlig.	Treòr a chur a-mach don luchd-obrach.	Àireamh nam post-d/nan litrichean sa Ghàidhlig a sgrùudadh.	Sgioba Conaltraidh.	Deireadh 2011.
	Cuiridh sinn air adhart gu h-éasgaidh ar dileastanas gabhail ri casaidean a dhèantar sa Ghàidhlig.	Ar mionn air air làrach-lìn.	Ar mionn a bhith soilleir air air làrach-lìn.	Sgioba Conaltraidh.	Deireadh 2011.
	Cuiridh sinn a-mach leagan Gàidhlig den fhoirm-chasaid againn.	Leagan Gàidhlig den Fhoirm / mhodh Chasaid, a dhèantar gu sònraichte.	Foirm-casaid Gàidhlig a bhith ri fhaotainn.	Sgioba Conaltraidh.	Deireadh 2011.
Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Inleachdach lomchaidh a fhuair cobhair.	Amasan 1,2	Toraidhean 7,11,12,15			

## Earrann 3 – Foillseachaidhean

### Adhbhar:

78. Faodaidh raon farsaing de dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an grunn dhòrighean. Ni e an cànan nas fhollaisiche, cuiridh e ri inbhe na Gàidhlig gu bheilear ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-iomhaigh agus cuidichidh e ann a bhith an dà chuid a' leasachadh briathrachas ùr 's a' cur ris na th' ann mu-thràth. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhannan a' cuideachadh ann a bhith a' sealtainn dealas ùghdarrais phoblach a thaobh fiosrachadh cudromach a bhith ri fhaotainn tro mheadhan na Gàidhlig, cho math ri cur ri folaiseachd is inbhe a' chànan. Mar a bhios tuilleadh dhaoine a' sireadh fiosrachaidh mu ùghdarrasan phoblach tro na làraichean-lin aca, faodaidh solarachadh cothrom air cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is folaiseachd a' chànan.

79. Tha ÙPNLLT fo dhealas gum meudairchean cleachdadh na Gàidhlig sna raointean sin far a bheil an cuspair mar uidh aig a' mhòr-shluagh san fharsaingeachd air neo far a bhuineas e gu sònraichte ris a' Ghàidhlig.

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraidhean Colleanaindh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>80. Caidreamh Poblach agus Na Meadhanan:</b>					
Na tha a' dol an-dràsta	Chan eil treòr ri fhaotainn an-dràsta.				
Priomh raointean leasachaidh	Bidh sinn gniomhach èasgaidh a thaobh obair cuidé ri BBC Alba agus seanailean is meadhanan Gàidhlig eile.	Naidheachdan a bhitheas mar ùidh aig na meadhanan Gàidhlig ainmeachadh agus a chur air adhart.	Na bhios sna pàipearan-naidheachd de Ghàidhlig a sgrùdadh.	Sgioba Conaltraidh.	A' dol air adhart.
	Cuiridh sinn eadar-theangachadh Gàidhlig ann an 'Nòtaichean do Luchd-Deasachaidh'.	Teacsá a chur ri chèile airson nam pàipearan-naidheac hd.	Na bhios de Ghàidhlig sna pàipearan-naidheachd a sgrùdadh.	Sgioba Conaltraidh.	2011
Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuaир cobhair:	Amasan 1,2 Toraidhean 7,11,12, 13,15				

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharrайдhean Colleanaidh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>81. Stuth Clò-bhuailte: Sgríobhainnean poileasaidh agus reachdail</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Tha facal-toisich Gàidhlig ann an cuid de na sgríobhainnean poileasaidh is reachdail againn.				
<b>Priomh raointean leasachaidh</b>	Cuiridh sinn facal-toisich Gàidhlig nar sgríobhainnean poileasaidh is reachdail.  Cuiridh sinn air dòigh, a rèir iarrtais, leaganan Gàidhlig de sgríobhainnean reachdail a ghabhas luchdachadh a-nuas on eadar-lion.	A' dol air adhart.	Foilseachaidhean a corporra chur a-mach.  Cùnnradh le seirbhais eadar-theangachair dh earbsach.	Sgioba Conaltraidh.	A' dol air adhart.
	Cuiridh sinn air dòigh leaganan dà-chànanach de dh'foillseachaidhean a thaghlas sinn fhèin.	Leagannan dà-chànanach de sgríobhainnean iomchaidh ri bhith air an cur air dòigh.	Foilseachaidhean a bhith eadar-theangaichte 's Gàidhlig nan lùib.	Sgioba Conaltraidh.	A' dol air adhart.
Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Inleachdach lomchaidh a fhuair cobhair.	Amasan 1,2  Toraidhean 7,11,12, 13,15				

Obair Leasachaidh	Gníomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>82. Stuth Cò-bhualite: Foillseachaidhean do Luchd-Tadhail</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Tha sinn a' cur air dòigh 's a' sgoileadh bileag choitcheann Ghàidhlig mun Phàirc Nàiseanta.				
<b>Priomh raointeán leasachaidh</b>	Cuiridh sinn air dòigh leagan ùraichte de bheileag choitcheann na Pàirce Nàiseanta ann an Gàidhlig, cho math ri bheileag gu tur ùr a mhineachadh aimmean-àite na Gàidhlig 's mar a chruthaiceadh iad.	Bileag ùraichte a chur a-mach cho math ri bheileag gu tur ùr a chruthachadh.	Bileagan leasaichte is feadhainn ùra air an sgoileadh.	Sgioba Conaitraidh.	Màrt 2011.
	Cuiridh sinn treòr air dòigh don luchd-obrach a thaobh mar a ghabhar eileamaidean Gàidhlig (ainmean, fàilte is cinn-sgrìobhaidh dà-chànanach) a-steach gu foillseachaidhean.	Treòr a chur a-mach.	Meudachd ann am meadhanan clò-bhuailte.	Sgioba Conaitraidh.	Samhain 2011.
	Leasaichidh sinn siostam le ar com-pàirtichean a thaobh Gàidhlig a chleachdadh ann an co-foilseachaidhean, gu sònraichte air sgàth foghlaim.	Siostam a leasachadh.	Aireamh nam foillseachaidhean a chiàradh.	Sgioba Conaitraidh.	Fad 's a mhaireas am Plana.
	Na h-Amasan is Toraidhean Ro- Innleachdach lomchaidh a fhuaир cobhair:	Amasan 1,2 Toraidhean 7,11,12, 13,15			

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharrайдhean Coileanaidh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>83. Làraichean-lìn:</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Chan eil treòr ri fhaotainn an ceartuair a thaobh cleachdadh na Gàidhlig air ar làrach-lìn, ach tha fàilte Ghàidhlig agus ceangal ri ar bileag Ghàidhlig mu dheidhinn na Pàirce Nàiseanta air ar làrach-lìn mu-thràth.				
<b>Priomh raointeann leasachaidh</b>	Cuiridh sinn poileasaidh air ðòigh don luchd-obrach a thaobh Gàidhlig air an làrach-lìn, a' gabhall a-steach ainmeachadh na tha taobh a-staigh an làrach de Ghàidhlig.  Bheir sinn Gàidhlig a-steach gu susbaint làrach-lìn UPNLLT, a' gabhall a-steach comhairle don phobal air ciamar a nì iad eadar-ghniomhadh le ar Priomh Oifis sa Ghàidhlig.	Poileasaidh làrach-lìn a chur air ðòigh ann an co-bhonn ri BnG.	Poileasaidh làrach-lìn a bhith an-sàs. Barrachd cleachdaidh is folloseachd Gàidhlig air an làrach-lìn.	Sgioba Conaltraidh.	2011
	Bidh an dreachd, agus am Plana Gàidhlig aontaichte, air ar làrach-lìn	Susbaint a chumail suas is a mheudachadh le cobhair o BhnG.	Tuilleadh cleachdaidh is folloseachd Gàidhlig air an làrach-lìn Ceangal ri BnG a thaobh leasachaidh.	Sgioba Conaltraidh.	A' dol air adhart.
	Cuiridh sinn siostam air ðòigh le ar com-pàirticean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig air làrach-lìn na Pàirce.	Treòr ri bhith air a chur air ðòigh. Susbaint a chumail suas.	Tuilleadh cleachdaidh is folloseachd Gàidhlig air an làrach-lìn.	Sgioba Conaltraidh.	Fad's a mhàireas am Plana.
	Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair.	Amasan 1,2 Toraidhean 7,11,12, 13,15			

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharrайдhean Coileanaidh	Priomh Stùireadh	Sgèile-Time
<b>84. Taisbeanaidhean:</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Chan eil treòr ri fhaotainn an-dràsta ach tha Ùghdarris na Pàirce air tachartasan poblach a chur air dòigh a tharraingeas aire dhaoine gu Gàidhlig.				
<b>Priomh raointeann leasachaidh</b>	Cuiridh sinn a-mach treòr a thaobh cleachdadh na Gàidhlig aig tachartasan.	Treòr a chur a-mach a tha stèidhichte air rannsachadh agus air tachartasan a bh' ann roimhe.	Gàidhlig a bhith air a gabhall a-steach ann an stuthan dealbhte aig taisbeanaidhean / tachartasan.	Sgioba Conaltraidh.	Ògmhios 2011.
	Cumaidh sinn oirn a'dèanamh ceangail ri ar com-pàirtichean ann an Seirbhisean Árainneachd is Dùthchail na h-Alba (SÀDA) agus sinn a' frithdealadh thaisbeanaidhean / thachartasan näiseanta, agus co-obrachadh a leasachadh a thaobh libhrigeadh na Gàidhlig. Bidh Alba Aosmhòr an-sàs, far a bheil seo comasach, ri tachartasan iomchaidh ÙPNNLT.		Barrachd cleachdadh de dh'eadar-mhineachadh na Gàidhlig aig na taisbeanaidhean a frithealar.	Sgioba Conaltraidh.	A' dol air adhart.
	Cuiridh sinn air dòigh stuthan airson thachartasan.	Stuthan a chur a-mach.	Adhartachadh na Gàidhlig agus stuthan a bhuineas rithe aig tachartasan ionadaile agus näiseanta.	Sgioba Conaltraidh.	Màrt 2011
Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuaир cobhair:		Amasan 1,2	Toraidhean 7,11,12, 13,15		

## Earrann 4 – Luchd-obrach

### Aidhbar:

85. Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach sgilean iomchaidh obrach is cànan an luchd-obrach a leasachadh. Tha gum bitnear a' cur ionnsachadh Gàidhlig air dòigh don luchd-obrach a' cuideachadh ann a bhith ag adhartachadh ionnsachadh do dh'ìnbhich cho math ri Gàidhlig adhartachadh mar sgil feumail san ionad-obrach. Ann a bhith ag ainmeachadh obraichean far a bheil Gàidhlig mar sgil sònraichte, thèid cur gu mòr ri inbhe a' chànan agus ri bhith ga h-ainmeachadh mar sgil as t-fhiach a thogail.

86. Tha cleachdadadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd cuideachail a thaobh a bhith ag aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadadh ann am beatha phoblach, agus gu bheil ròl cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig taobh a-staigh de dh'ùghdarras poblach. As bith dè an ire de sgilean Gàidhlig a tha a dhith, tha e cudromach gun dean ùghdarrasan cinnteach gu bheil e soilleir gu bheil Gàidhlig riatanach da-riribh a thaobh na h-obrach. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais beachdail agus iad sin a chur an-sàs sa chùis a chor is gun cuirear daoine an dreuchd air dòigh chothromach leantainneach, a rèir nan sgilean a chaidh ainmeachadh airson na h-obrach.

87. Tuigidh ÜPNLLT cho cudromach 's a tha e a bhith a' faicinn Gàidhlig mar sgil-obrach cudromach, agus a bhith ag ainmeachadh shuidheachaidhean far a bheil cleachdadadh na Gàidhlig deatamach neo co-dhiù a dhith. Cuideachd, tuigidh ÜPNLLT gu bheil e cudromach gun teid cur an comas luchd-obrach an cui'd sgilean Gàidhlig a leasachadh ma tha iad airson sin a dhèanamh.

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraidhean Colleanaидh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>88. Trèanadh:</b>	Chan eilear a' tabhann trèanadh sam bith an-dràsta.				
<b>Priomh raointeán leasachaidh</b>	Cuiridh sinn air ðòigh clàr de chùrsaichean Mothachadh na Gàidhlig airson an luchd-obrach a th' ann an-dràsta agus airson feadhainn ùra, cho math ri Buill a' Bhùird. Théid cothroman air cùrsaichean trèanaïdh a thaigssinn do bhuidhnean com-pàirteach (m.e. Buidheann Dion Àrainneachd na h-Alba/BDÀA).	Trèanadh ann am Mothachadh na Gàidhlig ri bhith air a thoirt don luchd-obrach is do bhuill uile a' bhùird.	Sgrùdadh Sgillean – gu bliadhnaíl	Seirbheisean Gníomhachais	Fad's a mhàireas am Plana
Bheir sinn fiosrachadh don luchd-obrach a thaobh na tha ri fhaotainn de chùrsaichean Gàidhlig	Abhith a' cur trèanadh air adhart air an eadar-lion, aig coinneamhan luchd-obrach, air bùird-fhiosrachaídh taobh-a-staigh.	larras is frithhealadh air cùrsaichean a chiàradh.	Seirbheisean Gníomhachais.	Fad's a mhàireas am Plana.	
Bheir sinn brosnachadh is taic don luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh tro bharrachd trèanaïdh	Cothroman maoineachaídh is treanaïdh a chur air ðòigh.	Sgrùdadh Sgillean.	Seirbheisean Gníomhachais.	Fad's a mhàireas am Plana.	
Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuaир cobhair:	Amasan 1,2: Toraidhean 7,11,12, 13,15				

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharrайдhean Colleanaidh	Priomh Stùireadh	Sgèile-Time
<b>89. Togail Cànaidh:</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Chan eilear a' solarachadh seo an ceartuair.				
<b>Priomh raointeann leasachaidh</b>	Ni sinn sgrùdadh luchd-obrach a dh'haotainn a-mach mu chomas sa Ghàidhlig am measg ar luchd-obrach is buill a' bhùird.	Sgrùdadh a dhèanamh.	Sgrùdadh Sgilean.	Seirbheisean Gniomhachais.	Màrt 2011
	Bheir sinn fiosrachadh don luchd-obrach mu na thar ri haotainn de chùrsaichean Gàidhlig.	Trèanadh a chur air adhart air an eadra-lion, aig coinneamhan luchd-obrach, air bùird-fhiosrachaidh taobh-a-staigh.	larrtas is frithealadh air cursaichean a sgrùdadh is a chlàradh.	Seirbheisean Gniomhachais.	A' dol air adhart.
	Bheir sinn brosnachadh is taic don luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh tro bharrachd trèanaidh.	Cothroman maoineachaidh is trèanaidh a chur air dòigh.	Sgrùdadh Sgilean.	Seirbheisean Gniomhachais.	A' dol air adhart
	Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomhaidh a fhuaир cobhair:	Amasan 1,2 Toraidhean 7,11,12,15			

Obair Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Priomh Stiùireadh	Sgèile-Time
<b>90. Fastachd:</b>	Na tha a' dol an-dràsta	Leanaidh sinn riaghailtean Seirbheis na Stàite air cothromachd. Tha seo a' ciallachadh gur e an neach as fheàrr a thàghair airson na h-obrach. Ma tha comas labhairt neo sgrìobhadh Gàidhlig mar riatanas dreuchdail da-rìribh, thèid aire cheart a thoirt air a' chomas sin.			
Priomh raointean leasachaidh	A ghabhail ri poileasaidh fastachd a dh'aithnichеas Gàidhlig mar rud a tha a dhith san obair, a rèir nàdar an ròl.	Gàidhlig a thoirt a-steach mar rud a tha a dhith taobh a-staigh ròl sònraichte na h-obrach.	Poileasaidh Fastachd a bhith air ùrachadh.	Seirbheisean Gníomhachais.	Màrt 2011
Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Inleachdach lomchaidh a fhuair cobhair:		Amasan 1,2 Toraidhean 7,11, 12, 15			

<b>Obair Leasachaidh</b>	<b>Gniomhan</b>	<b>Targaidean</b>	<b>Comharraidhean Coileanaidh</b>	<b>Priomh Stiùireadh</b>	<b>Sgèille-Time</b>
<b>91. Sanasachd:</b>					
<b>Na tha a' dol an-dràsta</b>	Chan eil treòr ri fhaotainn an-dràsta.				
<b>Priomh raointeann leasachaidh</b>	Ni sinn sanasachd dà-chànanach ann an obraichean far am bi Gàidhlig deatamach.	Treòr a bhith sgriobhte don luchd-obrach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasan-obrach.	Àireamh nan sanasan-obrach a sgrùdadh.	Seirbheisean Gniomhachais.	A' dol air adhart.
	Bheir sinn, agus gabhaidh sinn ri, foirmean-iarrtais obrach sa Ghàidhlig far a bheil Gàidhlig deatamach.	Bileagan-iarrtais a chur a-mach sa Ghàidhlig. Cothrom air na tha ri thaotainn dhe seo adhartachadh air làrach-lin ÙPNLLT.  Cùnnradh le seirbheis eadar-theangachaidh earbsach.	Ar mionn a bhith soilleir air ar làrach-lin agus ann an sanasan. larrasan Gàidhlig a chuireadh a-steach gu, agus a-mach le ÙPNLLT, a chlàradh.	Seirbheisean Gniomhachais.	A' dol air adhart.
Na h-Amasan is Toraidhean Ro- Inleachdach lomchaidh a fhuair cobhair:		Amasan 1,2		Toraidhean 7,11, 12, 15	

## **Caibideil 3 – Brìgh poileasaidh do Ghàidhlig: cur-an-gníomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

### **Brìgh poileasaidh do Ghàidhlig**

92. Aithnichidh ÙPNLLT gun tèid na priomh raoaintean a chaidh ainmeachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, agus gu sònraichte tro Ghinealach Ùr na Gàidhlig, a chur an gníomh an toiseach tro ar Plana Gàidhlig ach gum bi cothroman a' nochdad gus an cànan adhartachadh 's a leasachadh tro na ceuman poileasaidh a th' ann mu-thràth. Ni ÙPNLLT sgrùdadh air na rudan riatanach nar poileasaidh mar a tha e an ceartuair a chor is gun ainnmichear raoaintean far an gabh Gàidhlig a thoirt a-steach air dòigh fhor-ghníomhach agus far an gabh priomh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur air bhonn mar thùs tro dhòighean a bharrachd. Tha sinne a' faicinn an leasachaидh seo mar rud a cho-fhreagras prionnsapal a' chumantachaидh, prionnsapal a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt àbhaisteach de bheatha na h-Alba.
93. Ann a bhith a' cur ri chèile, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh ar poileasaidhean, ni ÙPNLLT cinnteach gum bi rud sam bith a bheir buaidh air a' Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

### **Sealladh Farsaing de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig**

94. Ainmichidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig ceithir gnèithean co-cheangailte de leasachadh cànan air am feumar aghaidh a chur, agus taobh a-staigh iad sin cuirear an cèill grunn phriomh raoaintean-gníomha:

#### ***Togail Cànan***

95. A' meudachadh lìon luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a thoirt thairis taobh a-staigh theaghlaichean, agus le bhith a' cruthachadh chothroman cinnteach air Gàidhlig ionnsachadh, tro bhith:
- A' meudachadh cleachdadh is toirt thairis na Gàidhlig san dachaigh
  - A' meudachadh lìon nam pàistean a thogas Gàidhlig aig sgoil
  - A' meudachadh na tha ri thogail is ri fhaotainn de dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
  - A' meudachadh lìon luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a ruigeas fileantachd

### **Cleachdadadh Cànan**

96. A' brosnachadh tuilleadh cleachdaidh de Ghàidhlig, a' solarachadh chothroman air an cànan a chleachdadadh, agus ag adhartachadh cothrom air rudan a chur an cèill air dòighean Gàidhlig, tro bhith:

- A' meudachadh cleachdadadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- A' meudachadh cleachdadadh na Gàidhlig ann am foghlam treas-ìre agus ann an ionadan-obrach
- A' meudachadh follaiseachd/làthaireachd na Gàidhlig sna meadhanan
- A' meudachadh adhartachadh na Gàidhlig sna h-ealain
- A' meudachadh ìomhaigh na Gàidhlig anns na roinnean turasachd, dualchais agus caitheamh-aimsire

### **Inbhe Cànan**

97. A' meudachadh na chìtheir is na chluinnean de Ghàidhlig, a' cur ri h-aithneachadh agus a' cruthachadh deagh ìomhaigh do Ghàidhlig ann am beatha na h-Alba, tro bhith:

- A' meudachadh àireamh nam buidhnean a dh'ullaicheas Planaichean Gàidhlig
- A' meudachadh ìomhaigh agus inbhe na Gàidhlig
- A' meudachadh follaiseachd is aithneachadh na Gàidhlig

### **Corpas Cànan**

98. A' neartachadh buntainneas is co-sheasmhachd na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh sa chànan, tro bhith:

- A' meudachadh buntainneas is co-sheasmhachd na Gàidhlig
- A' meudachadh feabhas is ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- A' meudachadh na tha ri fhaotainn de dh'fhiorsachadh cruinn rannsachaideh

## Dealas a thaobh Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

99. Tha ÙPNLLT fo dhealas a dhèanamh cinnteach gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh tro Ghinealach Ùr na Gaidhlig, agus anns an earrann seo cuiridh sinn an cèill mar a bhios sinn a' coileanadh an amais sin.

### *Togail Cànan*

#### **Adhbhar:**

100. Aithnichidh ÙPNLLT gu bheil feum air barrachd dhaoine a dh'ionnsaicheas a' Ghàidhlig ma tha i gu bhith seasmhach leantainneach san àm ri teachd, agus gum feumar aire a thoirt air an dachaigh, air foghlam 's air ionnsachadh do dh'inbhich mar na prìomh dhòighean air seo a thoirt a-mach. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus cuideachadh ann a bhith a' cruthachadh àrainneachd thaiceil a chor is gum meudaich lòn luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.
101. Meudaichidh ar dealas a thaobh cumail oirnn susbaint Ghàidhlig a chur air dòigh agus a leasachadh nar foillseachaidhean 's air ar làrach-lìn cleachdadadh na Gàidhlig, an dà chuid san dachaigh agus ann am foghlam, le bhith a' cur an comas luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig barrachd ghoireasan a ruigsinn.
102. Nì sinn ùrachadh air ar bileag choitcheann anns a' Ghàidhlig, bileag a tha ri fhaotainn don phoball agus a chumas taic ri ionnsachadh is mothachadh na Gàidhlig.
103. Leanaidh ar dealas clasaichean Gàidhlig agus trèanadh a chur air dòigh don luchd-obrach agus do bhuill a' bhùird, rud a mheudaicheas lòn nan inbheach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ire a cleachdaidh taobh a-staigh an ionad-obrach agus ann an coimhearsnachdan.
104. Nì sinn obair leis na com-pàrtichean uile againn gus cothroman Gàidhlig ionnsachadh a leasachadh nar pròiseactan.

## *Cleachdadh Cànan*

### **Adhbhar:**

105. Aithnichidh ÙPNLLT gu bheil a bhith a' cruthachadh saoghal maireannach don Ghàidhlig feumach air, chan ann a-mhàin meudachadh anns an lion de dhaoine a tha comasach air an cànan a labhairt, ach air meudachadh a thaobh a cleachdaidh san da-rìribh cuideachd. Aithnichidh sinn cho cudromach 's a tha e cur an comas barrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdad mar an dòigh-chonaltraidh àbhaisteach as fheàrr leotha, agus sin ann an raointean beatha làitheil a tha a' sior-fhàs nas fharsainge.
106. Bidh ar dealas mothachadh is trèanadh cànan a chur air dòigh don luchd-obrach, do Bhuill a' Bhùird agus is dòcha do ghniomhachasan ionadaile mar chuideachadh don luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh, rud a chuireas ri cleachdad na Gàidhlig ann an coimhairsnachdan agus san ionad-obrach.
107. Bheir ar dealas gabhail ri, agus freagairt a thoirt air, stuthan neo dòighean conaltraidh Gàidhlig tuilleadh chothroman do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig conaltradh a dhèanamh ri ÙPNLLT sa Ghàidhlig, a chuireas ri cleachdad na Gàidhlig ann an coimhairsnachdan agus san ionad-obrach.
108. Meudaichidh ar dealas sgriobhainnean dà-chànanach agus susbaint Ghàidhlig, far as iomchaidh sin, a chur air ar làrach-lìn agus ann an dòighean-conaltraidh eile, follaiseachd na Gàidhlig sna meadhanan.
109. Meudaichidh ar dealas siostam a leasachadh a thaobh cleachdad na Gàidhlig ann an suaicheantas agus air làrach-lìn na Pàirce follaiseachd na Gàidhlig sna meadhanan.
110. Meudaichidh cleachdad leantainneach suaicheantas Gàidhlig ÙPNLLT agus ar dealas siostam a leasachadh le com-pàirtichean a thaobh cleachdad na Gàidhlig ann an suaicheantas agus air làrach-lìn na Pàirce follaiseachd na Gàidhlig ann an turasachd, dualchas agus caitheamh-aimsire.
111. Meudaichidh ùrachadh leagan Gàidhlig ar bileag-fàilte ìomhaigh na Gàidhlig ann an turasachd, dualchas agus caitheamh-aimsire.

## **Inbhe Càinain**

### **Adhbhar:**

112. Aithnichidh ÙPNLLT gu bheil inbhe càinain fo bhuaidh fhollaiseachd ann am beatha làitheil, agus fo bhuaidh mar a bhios e air a chleachdadadh, air a mheas agus air a chur air luach - no air fhaicinn a bhith luachmhòr - leis na buidhnean sin a bhios cudromach nar beatha làitheil.
113. Tha ullachadh Plana Gàidhlig mar fhianais air ar dealas gun cuir sinn ri inbhe a' chàinain agus air mar a bhios ÙPNLLT a' cleachdadadh, agus a' cur an comas dhaoine a cleachdadadh, na Gàidhlig a thaobh dearbh-aithne chorporra, conaltraidh, stuthan foillsichte agus luchd-obrach.
114. Cruthaichidh sinn deagh iomhaigh don Ghàidhlig le bhith a' cur a h-uile rud sa Phlana an gniomh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na nì sinn co-ionann a thaobh feabhas ri rud sam bith a nì sinn sa Bheurla.
115. Meudaichidh sinn follaiseachd na Gàidhlig le bhith a' cumail oirnn agus a' meudachadh cleachdadadh a' chàinain nar soighnichean, nar suaicheantas, air ar làrach-lìn agus nar foillseachaidhean.

## **Corpas Càinain**

### **Adhbhar:**

116. Aithnichidh ÙPNLLT gu bheil feum ann buntainneas is co-sheasmhachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach 's a tha e gum bi seirbheisean eadar-theangachaidh ri fhaotainn agus gum brosnaichear rannsachadh sa chànan.
117. Bidh ùrachadh ar bileig Ghàidhlig agus a bhith a' cur treòr air dòigh don luchd-obrach a thaobh cleachdadadh na Gàidhlig ann an conaltradh a' neartachadh leasachaidhean a thaobh gnàthachas litreachaidh, briathrachas agus ainmean-àite na Gàidhlig.
118. Ann a bhith a' leasachadh siostam leis na com-pàirticean againn a thaobh cleachdadadh na Gàidhlig ann an suaicheantas na Pàirce, thèid cur, cuideachd, ri leasachadh a thaobh gnàthas-litreachaidh, briathrachas agus ainmean-àite na Gàidhlig.
119. Cleachdaidh sinn eadar-theangairean earbsach gus ar cuideachadh le h-eadar-theangachaidhean de na seirbheisean againn.

## **Caibideil 4 – Cur-An-Gníomh Agus Sgrùdadh**

### **Clàr-ama**

120. Mairidh am Plana Gàidhlig seo gu foirmeil fad còig bliadhna an dèidh dha a bhith air aontachadh ann an 2011, neo gus an tèid plana ùr a chur na àite. Ann an Caibideil 2 - *Priomh Dhleastanasan* agus Caibideil 3 – *Brigh poileasaidh do Ghàidhlig*, chuir sinn an cèill gach ceann-latha is targaid ris am bi dùil againn dleastanasan sònraichte a chur an gníomh.

### **Foillseachadh a' Phlana**

121. Thèid Plana Gàidhlig ÙPNLLT foillseachadh air ar làrach-lìn [www.lochlomond-trossachs.org](http://www.lochlomond-trossachs.org) A bharrachd air seo, nì sinn na leanas:
- fios-naidheachd a sgaoileadh mun phlana;
  - lethbhric den phlana a chur ri fhaotainn nar n-oifisean poblach agus nar n-ionadan-fàilte;
  - am plana a chur air eòlas an luchd-obrach air ar n-eadra-lion;
  - lethbhric den phlana a sgaoileadh am measg Bhuidhnean Poblach Neo-Roinneil, riochdairean agus chùnnradairean;
  - lethbhric den phlana a sgaoileadh gu buidhnean Gàidhlig;
  - lethbhric den phlana a sgaoileadh gu buidhnean eile ris am buin a' chùis; agus
  - lethbhric a chur ri fhaotainn a rèir iarrtais.

### **Ullachadh Rianachd a thaobh am Plana Gàidhlig a Chur an Gníomh**

122. 'S e am Plana seo poileasaidh ÙPNLLT agus chaidh gabhail ris leis an dà chuid ar àrd-sgioba stiùiridh agus buill a' bhùird.

### ***Uallach san fharsaingeachd:***

123. 'S e an t-Àrd-Oifigear a bhios freagarrach sa cheann thall às a bhith a' dèanamh cinnteach gun libhrig ÙPNLLT na chaidh a ghealltainn sa Phlana seo.

### ***Neachan-obrach fa leth:***

124. Thèid treòr a chur a-mach 's a chur ri fhaotainn don luchd-obrach a' dèanamh cunntais air na bhios am Plana a' ciallachadh dhaibhsan, a' gabhail a-steach fiosrachadh air dearbh-aithne, conaltradh, foillseachaidhean agus gnothaichean luchd-obrach. Chaidh an luchd-obrach a bhrosnachadh am beachdan fhèin a chur an cèill ri linn na co-chomhairleachaidh, agus thèid am brosnachadh molaidhean a dhèanamh a thaobh leasachaidhean fad 's a mhaireas am Plana.

## **Seirbheisean a thèid a libhrigeadh le treas pàrtaidhean**

125. Nì ÙPNLLT oidhearp a dhèanamh cinnteach, far is iomchaidh seo, gun cum rudan a chaidh ullachadh agus aontachadh le treas pàrtaidhean fa chomhair ar seirbheisean don phoball ri cùmhnantan a' Phlana seo. Am measg gach dleastanas a tha seo bidh seirbheisean a dh'fhaodadh a bhith air an cur a-mach air chùnnradh. Far nach eil Plana Gàidhlig an-sàs aig treas pàrtaidh sam bith, molaidh sinn dhaibh gun lean iad cùmhnantan a' Phlana Ghàidhlig agus dèanamh cinnteach gun tèid innse don luchd-obrach aca fhèin mu dheidhinn. Cuideachd, leasaichidh sinn siostam le ar com-pàirtichean a thaobh cleachdadhean na Gàidhlig ann an suaicheantas is air làrach-lìn na Pàirce.

### **A' cur fios mun Phlana do bhuidhnean eile**

126. Foillsichidh sinn am Plana Gàidhlig air ar làrach-lìn agus leigidh sinn fios do luchd-co-chomhairleachaidh agus do bhuidhnean taobh-a-muigh eile is do threas pàrtaidhean gun deachaidh am Plana Gàidhlig a chaidh aontachadh fhoillseachadh.

### **A' maoineachadh a' Phlana**

127. Bidh gnìomhan àbhaisteach air an gabhail a-steach 's a' faotainn maoineachaidh tro na buidseatan ris am bithear ag aontachadh gu bliadhnaile, agus le taic bho bhuidhnean eile far is iomchaidh sin. 'S e pàirt mòr den dòigh-obrach a' Phlana seo ach tòrr co-obrachaidh le Pàirc Nàiseanta eile a tha ceangailte rinn, 's e sin Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Ann a bhith ag obair còmhla mar seo a thaobh seirbheisean a sholarachadh a bhuineas ri Plana Gàidhlig gach Pàirce, dèantar cinnteach gun cumar ri caomhnadh meud agus libhrigeadh leantainneach de dhleastasan gach Pàirce.

### **A' sgrùdadadh Cur-an-Gnìomh a' Phlana**

128. Ann a bhith a' sgrùdadadh cur-an-gnìomh a' Phlana Ghàidhlig, curridh sinn a-mach ath-sgrùdadadh den Phlana gach bliadhna agus nì sinn aithris air na shoirbhich neo nach do shoirbhich. Thèid a h-uile ceist neo iarrtas a gheibh sinn sa Ghàidhlig a chur ar faidhle agus a fhreagairt; cumaidh ar sgrùdadadh air sgilean Ghàidhlig sùil air lòn an luchd-obrach a tha ag ionnsachadh na Ghàidhlig agus air na tha dhìth orra de thrèanadh, rud a chumas fios rinn a thaobh am feumalachdan trèanaidh san àm ri teachd, agus cumaidh sinn sùil air an àireamh de dh'fhiosan-naidheachd 's de dh'altan a nochdas sna pàipearan agus air agallamhan sna meadhanan Ghàidhlig.

## Fios conaltraidh

'S e an t-àrd-oifigear a tha freagarrach às sùil a chumail air ullachadh, libhrigeadh is sgrùdadh Plana Gàidhlig ÙPNLLT ach:

**Fiona Logan**  
**Àrd-Oifigear**  
**Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean**  
**Carrachan**  
**Rathad Charrachain**  
**Bealach**  
**G83 8EG**

**01389 722662**  
**[fiona.logan@lochlomond-trossachs.org](mailto:fiona.logan@lochlomond-trossachs.org)**

Bu chòir ceistean mu obair latha-gu-latha a' Phlana a chur gu:

**Geoff Miles**  
**Ceannaire Conaltradh na Margaidheachd**  
**Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean**  
**Carrachan**  
**Rathad Charrachain**  
**Bealach**  
**G83 8EG**

**01389 722045**  
**[geoff.miles@lochlomond-trossachs.org](mailto:geoff.miles@lochlomond-trossachs.org)**

## Eàrr-ràdh 1:

### Ceangailean ris a' Ghàidhlig

#### Fòram Luchd-Ionnsachaidh Gàidhlig Dhùn Breatainn an Iar

Neach-conaltraidh:

Mgr. Bernard Bell

Ionad Foghlam Coimhearsneachd Concord

Slighe Mhuire

Dùn Breatainn

G82 1LX

01389 608428

Neach-conaltraidh eile:

01389 772071 Mgr. A. Troup

Co-cheangailte ri:

Fèis Dhùn Breatainn An Iar

#### Clì Gàidhlig

Seòmraichean 1-4, Taigh Rèile na Gàidhealtachd

Sràid na h-Acadamaidh

Inbhir Nis

IV1 1LE

Fòn: +44 (0)1463 226710

Neach-conaltraidh:

DI Mac an t-Saoir

Stiùrche

#### Fèis Fhoirt

F/c a' Mh.ph. Fionnagal Nic Iain

11 Ionad Dhrumainn

Gargunnock

Sruighlea

FK8 3BZ

Neach-conaltraidh eile:

Siobhan Nic Anndrais

Fòn: 07919 923595

Post-d: [shoby04@msn.com](mailto:shoby04@msn.com)





Loch Lomond & The Trossachs National Park Authority, Carrochan, 20 Carrochan Road, Balloch G83 8EG  
tel: 01389 722600 email: [info@lochlomond-trossachs.org](mailto:info@lochlomond-trossachs.org) web: [www.lochlomond-trossachs.org](http://www.lochlomond-trossachs.org)